

NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE AND WORK

AIREAMH 9 | 2016 | AN T-SULTAIN

Facal Toisich

Sgrìobh mi seo anns an luchar, nuair a bha iomadh ùpraid agus aimhreit anns an t-saoghal agus anns an rìoghachd againn fhèin. Bha aig muinntir Bhreatainn ri taghadh a dhèanamh an robh iad airson fuireach anns an Aonadh Eòrpach no an robh iad airson falbh. Roimh làimh bha beachdan eadar-dhealaichte gan togail agus an dèidh làimhe bha fhathast mòran cheistean ri am freagairt. Anns na buidhnean poiliteach bha argumaidean a' dol mu dhèidhinn cò a bhiodh 'na cheannard orra. Anns na Stàitean Aonaichte bha naidheachdan uamhasach ann mu dhaoine a bhith air am mort agus gach easaontachd a thàinig an lùib sin. An dèidh nam bliadhnanachan mòra de mhort ann an Afghanistan tha an sgrìos agus am marbhadh a' dol air adhart fhathast. Agus dìreach nuair a bha mi ag ullachadh seo, thainig an naidheachd às an Fhraing mu na ficheadan de dhaoine neochiontach a bhith air am mort le ceannairceach ann am baile Nice. Anns an Tuirc bha troimh-a-chèile.

Anns an t-suidheachadh mhì-chinnteach anns a bheil iomadh dùthaich air feadh an t-saoghail an-diugh, dè as urrainn dhuinn a ràdh? Nuair a bha mì-chinnt ann ri linn an t-Seann Tiomnaidh, thog an rìgh a' cheist, "A bheil facal sam bith on Tighearna?" Dè an teachdaireachd a tha aig na Sgrìobtaran dhuinne anns an linn anns a bheil sinne beò?

Tha naidheachdan ar latha gar gairm gu bhith tric aig cathair gràis. Bha an salmadair beò ann an làithean nuair a bha iomadh trioblaid fa chomhair na rìoghachd. Bhiodh iad air an cuairteachadh le naimhdean a bha an impis an slugadh suas. Ach bha Daibhidh an còmhnaidh a' dol air a ghlùinean nuair a bha cùisean a' coimhead dorcha. Ceud bliadhna air ais agus an Roinn Eòrpa an sàs ann an cogadh oillteil bhiodh daoine ag ùrnaigh ann an eaglaisean agus 'nan dachaighean fhèin.

Nuair a bha dorchas a' còmhachadh na tìr bha e 'na adhbhar misneachaidh do chreidmich a' Bhìobail gu bheil an Tighearna Dia uile-chumhachdach a' riaghladh. A dh'aindeoin dè cho mì-ghealltanach agus a dh'fhaodadh cor an t-saoghail a bhith, bha iad a' creidsinn gu bheil gliocas a tha nas glìce na breithneachadh an duine air cùl gach nì, nach bi làmh an uachdair aig cumhachdan an uilc air a' ceann thall.

'S e ar dòchas gun èisd luchd-riaghlaidh ri guth Rìgh nan rìgh mar a tha sin air fhoilleachadh dhuinne anns a' Bhìoball anns na ceistean toinnte a tha aca ri fhuasgladh. Agus tha còir againne a bhith a' cuimhneachadh air ar luchd-riaghlaidh ann an ùrnaigh.

**Leis na beannachdan,
Ruairidh MacLeòid.**



A h-uile mìos bidh dealbh againn de dh'eaglais eadar-dhealaichte. Anns a' chumantas 's e taobh a-muigh na h-eaglais a tha sinn a' sealltainn. Anns an dealbh gu h-àrd chì sinn eaglais Chill Mheanaidh ann an Ile mar a tha i 'na broinn agus 's e eaglais ghrinn a tha innte. Seo tè de na h-eaglaisean a dhealbh Tòmas Telford. Chaidh a fosgladh ann an 1828. Faisg air an togalach anns am bi daoine ag adhradh an-diugh bha eaglaisean a' dol air ais gu toiseach-tòiseachaidh làithean na h-Eaglais Cheiltich air an eilean.

Cùil nan Ceist

Air a' mhìos seo 's e cuspair glè chumanta a tha againn – dorsan. Tha na ceistean a' tighinn às na Sgrìobtaran agus tha sinn ag innse dè a' chaibideil anns a' Bhìoball anns am faighear freagairtean nan ceist. Tha fuasgladh nan ceist air an duilleig chùil.

1. Cò a sheas aig an doras an leth a-muigh? (Soisgeul Eòin, caibideil 18.)
2. "Dh'fhosgladh doras mòr agus ——— dhomh." (1 Corintianaich, caibideil 16)
3. Dè an gleann a bha 'na dhoras dòchais? (Hosèa, caibideil 2.)
4. Cò a dhruid an doras 'na dhèidh? (Genesis, caibideil 19.)

Am Measg mo Leabhraichean – 2

Thubhairt cuideigin gur e companach beannaichte a tha ann an leabhar. Anns an t-sreath seo tha mi a' coimhead air cuid de na leabhraichean Gàidhealach air na sgeilpichean agam air a bheil mise a' cur luach.

An-diugh tha mi a' toirt iomraidh air an leabhar Ghàidhlig as sine a tha agam anns an t-seòmar-leughaidh agam. Ach chan ann anns a' Ghàidhlig againn a tha e ach anns a' Ghàidhlig Eireannaich.

Nuair a bha mi 'nam oileanach ann an Dùn Eideann bhithinn glè thric a' tadhal air bùth bheag faisg air an oilthaigh a bha a' reic sheann leabhraichean. 'S e bodach còir air an robh Hislop aig an robh a' bhùth. Bha fios aige gu robh mise an tòir air leabhraichean Gàidhealach. Mar bu trice cha bhiodh na leabhraichean na bu daoire na leth-chrùn no crùn. An latha a bha seo chunnaic mi leabhar agus dh'aithnich mi air a choltas gu robh e glè shean.

'S e a bha an seo ach *Leabhar na h-Urnaigh Choitinn* aig an Eaglais Shasannaich, le sailm Dhaibhidh, ann an Gàidhlig na h-Eireann.

Thug mi an leabhar gu Mgr. Hislop, fear na bùtha. O, ars san, *tha an leabhar seo nas sine. Bidh e nas daoire. Tha eagal orm gum bi e not agus deich tasdain.* Bha mi glè thoilichte sin a phàigheadh.

Chaidh an leabhar fhoillseachadh ann an Lunnainn, trì cheud bliadhna air ais, air a chlà-bhualadh, gu h-iongantach, le boireannach, tè air an robh Eleanor Everingham.

Tha còrr is trì cheud bliadhna, smaoinich, bho chaidh an leabhar seo a chur an clò. Anns an ùine sin chan eil fios cia mheud duine a thuigeadh Gàidhlig na h-Eireann a fhuair beannachd o bhith a' leughadh an leabhair seo, le ùrnaighean agus cuibhreannan às na Sgrìobtaran, a-staigh aca fhèin no ann an seirbheis eaglais.

Ruairidh MacLeòid

Laoidh

*Mar phàisde thàinig losa Crìosd,
Ach b'Esan fhathast Rìgh nan rìgh,
Rinn ainglean adhradh dha gu caoin,
Gun ann, mas fhìor, ach naoidhean maoth,*

*Mar leanabh thàinig E gu sèimh
Son gràdh an Athair chur an cèill.
O nèamh tha 'g innse sgeul an àigh,
"Air pàisdean cuiridh mise fàilt".*

*Ad ionnsaigh thug sinn iad gu fial,
Gam baisteadh ann an ainm an Triath;
Lion iad le do ghràs tha caomh;
Is neartaich iad led Spiorad Naomh.*

*Gun dìonadh ainglean iad le neart,
Gan stiùireadh anns an t-slig' tha ceart;
Dòirt do beannachd orr' gun chrìoch,
Is air do làimh an ainmean sgrìobh.*

*O Thus' le bilean pàisde chaoin
A chluinneas cliù is moladh naomh,
Gun toir iad moladh dhut gu grinn,
An ainm na Trianaid seinn gu binn.*

Chaidh an t-eadar-theangachadh seo de laoidh Bheurla a sheinn an toiseach aig seirbheis bhaistidh ann an eaglais Loch Giorra ann am Meadhan Earra Ghàidheal anns an Iuchar. Tha bliadhnachan mòra bho nach robh baisteadh aig seirbheis Ghàidhlig anns an eaglais seo. Chaidh an dàn Beurla a chlà-bhualadh an toiseach ann an laoidheadair a chuir Eaglais na h-Alba a-mach ann an 1861. B' e am bàrd an t-Urr. Uilleam MacDhonnchaidh, mac ministear, a bha e fhèin 'na mhinistear ann an siorrachd Pheairt.

Leabhraichean

Thàinig an leabhar seo am follais an toiseach ann an 1953. Cheannaich Fear-deasachaidh nan *Duilleagan Gàidhlig* an leabhar ann an 1964 agus e air a chur a-mach as-ùr. Tha e 'na dhearbhadh air cho math agus a chòrd e ris an luchd-leughaidh, mar a chòrd e ris an fhear-dheasachaidh, gu robh e air a thoirt am follais trì tursan eadar 1953 agus 1964.

Bha Murchadh Caimbeul, a bhuineadh do Nis ann an Leòdhas, 'na mhinistear anns an Eaglais Shaoir ann an Cille Chuimein, ann am Partaig agus ann an Ruigh Sholais. Mun d'fhuair e bàs ann an 1974, bha e air grunn leabhraichean a sgrìobhadh air an robh fèill nuair a chaidh an cur an clò an toiseach agus tha iarrtas nach beag orra fhathast.

Tha cothrom a-nis aig ginealach ùr de leughadairean an leabhar tlachdmhor seo a leughadh. Tha e làn naidheachdan mu na ministearan, na fir agus na mnathan, a dh'fhàg làrach air

Gleanings of Highland Harvest

(le Murchadh Caimbeul.

Air fhoillseachadh le Covenanters. £12.95.)

eachdraidh spioradail na Gàidhealtachd. Leughaidh sinn an seo mu shearmonaichean ainmeil, leithid Dòmhnallach na Tòiseachd agus Ceanadach Inbhir Pheofharain, agus "Daoine", mar a bha Alasdair Geàrr. Rinn Mgr. Caimbeul rannsachadh mòr ann an sgrìobhaidhean agus bha eòlas aige air naidheachdan a thàinig a-nuas ann am beul-aithris. Faodaidh tu an leabhar seo fhosgladh air duilleig sam bith agus gheibh thu rudan ann a bheir solas dhut agus a chuireas gu smaoineachadh thu.

Dh'ullaich mac an ùghdair, Daibhidh, an deasachadh seo de *Gleanings of Highland Harvest*, agus tha sinn fada 'na chomain airson sin. Tha sinn toilichte gu bheil fear eile de na leabhraichean aig Murchadh Caimbeul, *Memories of a Wayfaring Man*, cuideachd air a chlà-bhualadh as-ùr air a' bhliadhna seo. Tha an leabhar sin nas pearsanta agus Mgr. Caimbeul a' toirt dhuinn iomadh cuimhneachan luachmhor air a thuras spioradail.

Searmon Beag

Ciod tuilleadh a ghabhadh dèanamh 'nam fhionlios nach do rinn mi ris? (Isaiah 5:1)

Bhiodh ar n-atraichean a' bruidheann air *obair chrìochnaichte Chrìosd*. Faclan anns a bheil mòran brìgh. Faclan a tha gar cur gu smaoineachadh. 'S e a bha daoine a' ciallachadh leis na faclan sin, gu robh losa air a h-uile nì a tha do-sheachainte feumail airson ar slàinte a chosnadh a chur an gnìomh.

Cha robh dad air fhàgail gun a choileanadh. Thòisich agus chrìochnaich Esan obair na rèite. Rinn E Fhèin gach nì o thoiseach gu deireadh, o thùs gu èis. Mar a tha Litir nan Eabhraidheach ga chur, is Esan *ceannard agus fear-criochnachaidh ar creidimh*. Is ann air-san a tha ar creideamh an crochadh o thoiseach gu deireadh.

Ann an darna litir nan Corintianach tha Pòl a' toirt sùla air ais air obair an teàrnaidh agus tha e ag ràdh, *Is ann o Dhia a tha na h-uile nithean*. A h-uile nì co-cheangailte ri teàrnadh ar n-anama, co-cheangailte ri mathanas pheacaidhean, 's ann o Dhia a tha iad a' tighinn. Faodaidh sinn a ràdh, mar a thubhairt an salmair:

*'S e Dia rinn siud, 's ro-iongantach
Nar sùilean-ne an gnìomh.*

Ann an leabhar Isaiah leughaidh sinn *Cosamhlachd an Fhionlios*. Anns a' chosamhlachd sin 's e Dia an tuathanach, agus 's e Israel, sluagh Dhè, am fionlios.

Rinn an tuathanach a h-uile nì a bha riatanach airson gun toireadh an gàrradh-fiona a-mach toradh. Thagh e an t-àite gu faiceallach, cnoc àrd, tarbhach. Thog e callaid ma thimcheall airson fasgaidh agus dìon. Ghlan e na clachan às. Chuir e na craobhan a b'fheàrr ann. Thog e tùr-faire 'na mheadhan. Chladhaich e amar-fiona. Dh'fhaodadh an tuathanach le firinn a ràdh, *Ciod tuilleadh a ghabhadh dèanamh rim fhionlios nach do rinn mi ris?*

Ach nuair a dh'amhairc an tuathanach a dh'fhaicinn an tugadh am fionlios seo air an do chosg e saothair cho mòr a dh'fhaicinn an tugadh e a-mach dearc an fiona, cha tug e e a-mach ach dearc an fiadhaich, dearc an searbh, gun mhìlseachd, gun fheum. Cha b'è coire a' ghàrradair a bha ann oir rinn esan a h-uile rud a ghabhadh dèanamh. Mur do ghiùlain sluagh Israeil toradh, cha b'è Dia bu choireach. Bha Dia air a h-uile ullachadh a dhèanamh. Bha Dia air a h-uile cothrom a thoirt dhaibh.

'S e a tha Dia ag ràdh rinn anns an t-Soisgeul, *Tha na h-uile nithean ullamh; thigibh.*

Ministear ùr ann an Geàrrloch agus Dùn Dòmhnail



Anns an luchar chaidh an t-Urr. Stùbhart Seumas Mac a' Ghobhainn a phòsadh ri coitheanal Gheàrrloch agus Dùn Dòmhnail. Tha Mgr. Mac a' Ghobhainn air a bhith 'na ministear ann an Eaglais na Trianaid ann an Glaschu o 1994. Tha e pòsda aig Ealasaid, agus tha dithis de theaghlach aca, Camshron, a tha a' dèanamh cùrsa Diadhachd ann an oilthaigh Chill Ribhinn, agus Cairtriona, a bhios anns a' bhliadhna mu dheireadh ann an Ard-sgoil Gheàrrloch.

Tha an sgìr air a bhith gun ministear o leig an t-Urr. Derek Moireasdan dheth uallach coitheanail le dìth na slàinte ann an 2013. Dà bhliadhna air ais cha robh ach aon ministear suidhichte ann an Clèir Loch Carann agus an Eilein Sgitheanaich. A-nis tha còignear ministearan anns a' Chlèir.

Air ceann seirbheis a' phòsaidh bha Moderàtor na Clèir, Dòmhnall MacRath, a tha 'na eildear ann an sgìr Gheàrrloch agus Dùn Dòmhnail. A' searmonachadh bha an t-Urr. Dùbhghlas Horne à Baile Dhubhthaich, agus thug an t-Urr. Iain Moireach faclan comhairleachaidh agus misneachaidh don choitheanal agus don ministear ùr.

Gàidhlig Shìmplidh



Ceann-teagaisg airson na mìos seo: "Tha biadh agamsa ri ithe air nach eil fios agaibhse."

Tha seo sgrìobhte ann an Soisgeul Eòin, aig a' cheathramh caibideil, an darna rann deug thar fhichead. (Eòin 4:32) Thubhairt losa na faclan seo ris na deisciobail. Bha iadsan a' smaoineachadh air biadh nàdarra. Bha losa a' bruidheann mu bhìadh spioradail. Tha feum aig a' chorp air biadh. Tha feum aig an anam air biadh airson a bhith beò gu spioradail. Thubhairt losa, "Is mise aran na beatha."



'S toigh leam mìos na Sultain. Tha dathan cho brèagha ann an duilleagan nan craobh.

Glè thrìc tha aimsir mhath againn air a' mhìos seo. Ma tha daoine a' dol air chuairt chan eil na rathaidean cho trang agus a bha iad fad mìosan an t-samhraidh. Chì sinn seallaidhean maiseach air muir agus air tìr. Tha daoine ann a chanas gur e seo a' mhìos den bhliadhna as taitnìche leo. Do na tuathanaich tha àm trang air thoiseach orra.



Seanfhacal airson na mìos seo: "Is fheàrr barr mòr, ach fòghnaidh barr beag."

(A big crop is best, but a little crop will do.) Anns an dùthaich seo tha pailteas againn. Tha barrachd againn air na bheil sinn a' cur feum. Ann an dùthchannan eile feumaidh daoine a bhith beò air beagan. Tha na Sgrìobtaran a' teagasg gum bu chòir dhuinn a bhith riarachta leis na tha againn. Bha Pòl ag ràdh gun do dh'ionnsaich e a bhith toilichte leis na thug Dia dha. Bha e toilichte le beagan no le pailteas.



Chan eil seirbheisean-oidhche cho cumanta an-diugh agus a bha iad aig aon àm. Anns

na h-eileanan tric bhiodh seirbheis ann aig meadhan-latha agus seirbheis eile aig sia uairean feasgar. Ann an cuid de dh'àiteachan 's e "an searmon" a bhiodh air an t-seirbheis-mhaidne agus "a' choinneamh" a bhiodh air an t-seirbheis-oidhche. Tha e math a bhith a' dol don eaglais madainn na Sàbaid. Tha e math cuideachd a bhith a' tighinn còmhla aig deireadh an latha.

AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU.
Fòn: 01499500 629 Post-dealain: mail@revroddy.co.uk

Thall 's a-Bhos

RANN

*'S e Fèin a-mhàin a chruthaich,
Gach nì tha bhos is thall;
'S e Dia thug mais' don neòinean,
'S don reult, a glòir 's gach ball:
Tha sian is tuinn fo smachd-san,
'S e làmh a bhiadh na h-eòin;
Nach mò bheir Dia ar n-Athair,
Dhuinn fèin gach là ar lòn.*

Sin mar a dh'eadar-theangaich an t-Oll. Urr. Calum Mac Ghillinnein rann anns an laoidh *We Plough the Fields and Scatter*. Bha an t-Oll. Mac Ghillinnein 'na fhear-deasachaidh air na *Duilleagan Gàidhlig* aig an Eaglais Shaoir Aonaichte. Chaidh an laoidh a sgrìobhadh ann an Gearmailteis le Matthias Claudius (1740-1815). Chuir Sìne NicGumaraid Chaimbeul, nighean ministear, cruth Beurla air an dàn.

FUASGLADH NAN CEIST

Seo freagairt nan ceist mu dhorsan a thog sinn air a' cheud dhuilleig. 1. Peadar. 2. — èifeachdach. 3. Gleann Achoir. 4. Lot.

AIR A' BHLAR A-MUIGH

An siud agus an seo bidh seirbheisean air an cumail a-muigh tro mhìosan an t-samhraidh. Anns na seann làithean cha robh sin 'na annas oir gu h-àraidh aig àm Comanachaidh cha ghabhadh an eaglais na thigeadh de shluagh. Tha an t-Oll. Urr. Iain Dòmhnallach, ministear na Tòiseachd, ag innse mu na mìltean a bhith cruinn nuair a bha e a' searmonachadh ann an Uige Leòdhais. Anns an Og-mhìos, air an t-Sàbaid as fhaisge air Latha Chalum Chille tha seirbheis ann an Cinn-tìre, faisg air an àite far an tàinig an teachdaire ainmeil air tìr ann an Alba mun do chùm e roimhe gu eilean I.

ADHBHAR GAIRE

Anns na leabhraichean beaga a sgrìobh e tha an t-Urr. C. V. A. Mac Eacharna ag innse mu rudan a thachair dha ann an làithean a mhinistrealachd, corr math is leth-cheud bliadhna. Bha e greis 'na mhinistear ann an Ceann Loch Chille Chiarain. Thàinig iasgair far an robh e agus e an dùil pòsadh. Thubhairt e ris a' mhinistear gum bu toigh leis an t-seirbheis-phòsaidh a bhith aig cairteal an dèidh sia anns a' mhadainn. Dh'fhaighnich Mgr. MacEacharna dha carson a bha e airson a bhiodh an t-seirbheis cho tràth sin. "O," fhreagair fear na bainnse, "tha agamsa ri dhol a-mach a dh'iasgach."

Urnaigh

*A Dhè ro-naoimh,
tha sinn taingeil dhut
airson gach dòigh anns a bheil
an Soisgeul air a chraobh-sgaoileadh
nar latha-ne.
Beannaich am facal sgrìobhte
ann an iomadh cànan eadar-dhealaichte.
Lean le do bheannachd
prògraman spioradail a bhios
air an cur a-mach air an ràdio agus air an telebhisean
air Ghàidhealtachd agus air feadh an t-saoghail.*

Amen

An dealbh air an aghaidh:
Chan eil an cuan cho socair a h-uile latha
agus a tha e anns an dealbh seo.
Ach anns an t-Sultain bidh sùil againn
ri aimsir rud-eigin ciùin.
Bha iasgairean Ghalile eòlach
air a h-uile seòrsa side,
stoirm agus fiath.